

## **Ainmean Àite na h-Alba – Gaelic Place-Names of Scotland (AÀA)**

Chaidh Ainmean Àite na h-Alba – Gaelic Place-Names of Scotland (AÀA) a chur air bhog gu h-oifigeil feasgar Dimàirt (28 Samhain) ann an Lobaidh a' Ghàrraidh ann am Pàrlamaid na h-Alba.

Le bhith ga chur fa chomhair Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, a tha a' toirt chothroman ùra agus a' cur dleastanas air buidhnean gus a bhith a' brosnachadh a' chàin, bha e follaiseach gun robh stiùireadh a thaobh ainmean Gàidhlig a dhìth air ùghdarrasan ionadail is buidhnean air feadh Alba le uallach airson mapadh.

'S e caidreachas de bhuidhnean poblach is saor-thoileach a th' ann an Ainmean Àite na h-Alba – Gaelic Place-Names of Scotland (AÀA). 'S e an t-amas aca:

- cruthan ùghdarrasail nan ainmean àite air feadh Alba a shònrachadh
- modh litreachaidh co-chothromach a chur an sàs airson ainmean àite Gàidhlig
- brosnachadh a dhèanamh air gabhail ri na cruthan seo air ainmean àite Gàidhlig

Tha an Caidreachas a' gabhail a-steach Comhairle Earra-Ghàidheil is Bhòid, Comhairle nan Eilean Siar, Comunn na Gàidhlig, CLÌ Gàidhlig, Comhairle na Gàidhealtachd, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Tomhas an Riaghaltais, Comann Ainmean Àite na h-Alba agus Institiùd Mìle Bliadhna UHI.

Tha an caidreachas a' cleachdadh fiosrachadh ionadail, eòlas eachdraidheil agus prionnsabalan stèidhichte gus aontachadh air cruthan cearta nan ainmean àite.

Tha Ainmean Àite na h-Alba – Gaelic Place-Names of Scotland a' foillseachadh stiùireadh airson phrìomh ròidean agus ùghdarrasan ionadail air dreachd coitcheann shoighnichean rathaid is ainmean shràidean gus a bhith cinnteach gu bheil co-chothromachadh ann. 'S e an t-amas sa cheann fhada stòras a chruthachadh air-loidhne a bhios na ghoireas fiosrachaidh airson ainmean Gàidhlig agus air am bi cothrom aig a h-uile duine.

Thuir Mgr Iain Hutchison, Cathraiche Ainmean Àite na h-Alba – Gaelic Place-Names:

“Tha mi uabhasach toilichte gu bheil sinn a-nis a' tòiseachadh air ìre leasachaidh ùr mar bhuidheann a tha stèidhte gu h-oifigeil. Tha an caidreachas ag obrachadh gu math agus tha mi toilichte a ràdh gu bheil corra leasachadh san amharc againn a bheir sinn a dh'ionnsaigh clàr-àitean nàiseanta Gàidhlig.

“Tha AÀA a' cur fàilte air an taic airgid a fhuaradh bho Chomhairle Earra-Ghàidheil is Bhòid, Bòrd na Gàidhlig, Comhairle nan Eilean Siar is Comhairle na Gàidhealtachd agus, cuideachd, an taic airgid a fhuaradh bho Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean oir chuidich seo sinn le bhith a' leasachadh a' phlana gnìomhachais againn.

“Tha e a' toirt toileachas mòr dhomh a bhith a' cur na làrach-lìn [www.gaelicplacenames.org](http://www.gaelicplacenames.org) agus a' bhileag fiosrachaidh, air bhog gu h-oifigeil aig Pàrlamaid na h-Alba cho faisg air an latha nàiseanta againn, Latha an Naoimh Anndra. Tha min dòchas gun tadhail sibh tric air làrach-lìn AÀA agus gun dèan sibh feum dhe na seirbheisean a thathar a' tairginn. Bidh e na

fhìor ghoireas foghlaim agus glè luachmhor do dhualchas na h-Alba a thaobh eachdraidh, àrainneachd agus cànan.”

Thuir Mgr Ùisdean Bochanan, an Stiùiriche Dàimh aig Tomhas an Riaghaltais. “Tha Tomhas an Riaghaltais air leth toilichte gu bheil Ainmean-Àite na h-Alba Gaelic Place Names of Scotland ga stèidheachadh mar fhòram ùghdarrasail airson a bhith ag aontachadh air cleachdadh na Gàidhlig ann an ainmean àite san latha an-diugh. Tha sinn moiteil gu bheil àite againn ann a bhith a’ gleidheadh na Gàidhlig ann an ainmean àite – suidheachadh cho follaiseach ’s a th’ ann do luchd-turais ann an Alba a bhith a’ faicinn a’ chànain ga chur gu feum. Bidh sinn toilichte a bhith a’ leantainn leis an obair seo còmhla ri AÀA, mar a rinn sinn roimhe còmhla ri Comataidh Ceangail nan Ainmean Gàidhlig.”

Airson tuilleadh fiosrachaidh cuir fios gu: Iain Hutchison, Cathraiche [john.hutchison@highland.gov.uk](mailto:john.hutchison@highland.gov.uk); 01347 707231